

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Èisteachd)

Grand Total

X229/10/01

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2012

DIHAOINE, 25 AN CÈITEAN
2.00 PM – 2.30 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 1
Roinn A: Èisteachd
(Ceistean)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2012

FRIDAY, 25 MAY
2.00 PM – 2.30 PM

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 1
Section A: Listening

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Tha 25 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agad aig an toiseach airson na ceistean gu lèir a leughadh.

Tha mionaid agad aig toiseach gach pàirt den earrainn airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ri earrann a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut. Tha an earrann na dà phàirt.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson Pàirt 1.

Cluinnidh tu Pàirt 1 dà thuras le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Leugh na ceistean airson Pàirt 2.

Cluinnidh tu Pàirt 2 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 30 mionaidean

CEISTEAN

Pàirt 1

1. Càite an robh a' phàirc safari?

1

2. Ainmich dà bheathach a bha ri fhaicinn anns a' phàirc.

2

3. Dè chaidh innse mun t-sìde ann an Alba?

2

4. Dè a' bhuaidh a bha aig an aimsir air na *penguins*?

Bha iad ro fhuar	
Bha iad ro theth	
Bha iad ceart gu leòr	

1

5. (a) Dè bhiodh luchd-obrach na pàirce a' dèanamh le biadh nam beathaichean?

1

- (b) Carson a bhiodh iad a' dèanamh seo?

1

- (c) Carson a bha seo math airson nam beathaichean?

2

6. Càit' an robh na muncaidhean rin lorg anns a' phàirc?

1

7. Carson a bha na muncaidhean toilichte nach robh iad ann an cèidsichean?

2

(13)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

Pàirt 2

1. Carson a shaoil an neach-labhairt gun robh prìs nan tiogaidean freagarrach?

1

2. Dè a' phrìs a bha e airson tiogaid inbheach?

£8·00	
£11·00	
£11·50	

1

3. (a) Innis **aon** rud a bha ri lorg anns a' phàirc-cluich.

1

- (b) Carson a bha e math gun robh gainmheach anns a' phàirc?

2

4. Carson a dh'fheumadh daoine a bhith faiceallach a' gabhail picnic?

2

5. Dè an ràith anns a bheil a' phàirc dùinte?

Samhradh	
Geamhradh	
Earrach	

1

6. (a) Ainmich **dà** rud a dh'fhaodar a cheannach anns a' bhùth.

2

(b) Dè tha air innse dhuinn mu gach rud a gheibh thu anns a' bhùth?

1

7. Cò dha gu h-àraidh a bhiodh a' phàirc freagarrach, ann am beachd an neach-labhairt?

1

(12)

[25]

[CRÌOCH ROINN A-ÉISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Éisteachd / 25
Section B(i)	Leughadh / 25
Section B(ii)	Sgrìobhadh / 25
Grand Total	75

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Leughadh)

--

X229/10/02

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2012

DIHAOINE, 25 AN CÈITEAN
2.50 PM – 4.10 PM

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 1
Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2012

FRIDAY, 25 MAY
2.50 PM – 4.10 PM

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 1
Section B(i): Reading
Section B(ii): Writing

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Tha 50 comharradh anns a' pàipear seo.

Earrann B(i) Leughadh—Fiosrachadh

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu na beàrnan uile.)

Earrann B(ii) Sgrìobhadh

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



EARRANN

BEATHA ÙR

Nuair a dhùisg i an toiseach, cha robh cuimhn' aice càit' an robh i. Bha na cùirtearan 's na ballachan a' coimhead aost agus bha an leabaidh anns an robh i air cadal gu math na bu mhì-chofhurtaile na an tè anns am b' àbhaist dhi a bhith. Shuath i a làmh ri a sùilean agus shuidh i an-àirde. Bha i air ais anns an Eilean agus bha i a' cadal anns an rùm a bh' aice nuair a bha i fhathast mar nighean sam bith eile. Bha a h-uile càil cho neònach. A' dùsgadh an seo, bha e mar gun robh i air a dhol air ais gu na làithean ud. Ann am mionaid, bhiodh aice ri èirigh agus deasachadh airson na sgoile. Dh'èigheadh a màthair oirre agus rachadh i sìos airson a bracaist. Bhiodh a màthair 's a h-athair an sin agus bhruidhneadh iad ann an guthan sunndach gus an robh an t-àm ann falbh. Chùm i oirre a' cuimhneachadh air na làithean a dh'fhalbh gus an do chuir èigh stad air a smuaintean . . .

“Chrissie! Tha do bhracaist deiseil!”

Thug an guth oirre leum. Bha ùine air a dhol seachad bho chuala i na facail ud; bho dhùisg fuaim na Gàidhlig i. Nach e bha annasach tilleadh. Bha na bliadhnaichean a' faireachdainn mar gun deach iad seachad ann an diog agus cha mhòr gun creideadh i na bha air tachairt rithe – daoine ga leantainn anns a-h-uile h-àite, guthan a' sgreuchail le toileachas nuair a bhiodh i a' seinn aig consairtean agus barrachd airgead aice na chreideadh i. Sheas i an-àirde agus sheall i a-mach air an uinneig. Cha robh na chunnaic i air atharrachadh. Bha a' mhuir fhathast a' toirt slaic air na creagan, na faoileagan fhathast a' sgèith agus na sgòthan fhathast a' cruinneachadh. Bha i a-riamh measail air na seallaidhean sin. Bhiodh i gan ionndrainn gu mòr nuair a bhiodh i anns na Stàitean. Gu dearbha, cha robh aon rud eadar-dhealaichte anns an àite seo ach i fhèin.

Bha i na boireannach a-nis, pòsta agus air na milleanan a chosnadh mar shàr sheinneadair, ainmeil air feadh an t-saoghail. Bha i cho diofraichte 's a ghabhadh bhon tè a dh'fhàg an t-Eilean trì bliadhna deug air ais. Bha an nighean ud fhathast innte an àiteigin ach bha i air dèanamh na b' urrainn dhi airson a cumail falaichte.

Bha i air teicheadh airson faighinn air falbh bhon t-seann saoghal aice agus airson beatha ùr a dhèanamh dhi fhèin. Rinn i an gnothach air sin a dhèanamh. Ach, a-nis, a' coimhead a-mach air na seallaidhean air an robh i cho eòlach, cha robh i cinnteach dè a' bheatha a b' fheàrr leatha tuilleadh.

CEISTEAN

1. Dè an dà rud anns an rùm air an robh coltas aosta?

2

2. Innis gu mionaideach càit' an robh Chrissie nuair a dhùisg i.

2

3. Dè na faclan às a' chiad pharagraf a tha a' sealltainn nach e latha àbhaisteach a bha seo do Chrissie?

1

4. Sgrìobh sìos **dà** rud a thachradh ann an taigh Chrissie a h-uile madainn nuair a bha i òg.

2

5. (a) Dè chuir stad air an smaoineachadh aice?

1

(b) Dè bha eadar-dhealaichte mu na facail a chuala i?

1

[Tionndaidh an duilleag

6. Innis **dà** rud a bhiodh daoine a' dèanamh mu thimcheall oirre a-nis.

2

7. Saoil dè an coltas a tha air a' mhuir ma tha i “ . . .a' toirt slaic air na creagan”?

1

8. Dè an **dà** rud a chunnaic Chrissie anns an adhar?

2

9. Dè an dùthaich anns a bheil dachaigh Chrissie a-nis?

1

10. Sgrìobh sìos **tri** dòighean anns a bheil dòigh-beatha Chrissie air atharrachadh.

3

11. Co-mheud bliadhna a chaidh seachad bho dh'fhàg Chrissie an t-Eilean?

1

12. Carson a dh'fhàg Chrissie an t-Eilean?

2

13. (a) Dè a' cheist a th' ann an inntinn Chrissie aig deireadh na h-earrainne?

2

(b) Dè chuir an smuain seo na h-inntinn?

2

(25)

[CRÌOCH ROINN B(i)–LEUGHADH]

[Tionndaidh an duilleag

Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Ùine: 40 mionaid(moladh)

Comharraidhean

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

- | | |
|---|------|
| 1. Am fear no an tè ris am b' fheàrr leam coinneachadh. | (25) |
| 2. Dorchadas. | (25) |
| 3. Bhiodh an saoghal na b' fheàrr às aonais airgead! | (25) |
| 4. Spòrs. | (25) |
| 5. Còig rudan a tha mi airson a dhèanamh na mo bheatha. | (25) |
| 6. Nàbaidhean. | (25) |
| 7. Latha nach dìochuimhnich mi gu bràth. | (25) |
| 8. Briseadh-cridhe. | (25) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

ACKNOWLEDGEMENTS

Passage is adapted from “*Samhraidhean Diomhair*” by Catriona Lexy Campbell. ISBN 978 1 900901 31 4. Published by Clar, 2009. Reproduced by kind permission of Catriona Lexy Campbell.

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

X229/10/11

TEISTEANAIS DIHAOINE, 25 AN CÈITEAN
NÀISEANTA 2.00 PM – 2.30 PM
2012

GÀIDHLIG
MEADHAN ÌRE 1
Roinn A: Èisteachd
(Earrann)

NATIONAL FRIDAY, 25 MAY
QUALIFICATIONS 2.00 PM – 2.30 PM
2012

GÀIDHLIG
INTERMEDIATE 1
Section A: Listening Transcript

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh

(The passage below should be read in approximately 2 minutes)

EARRANN

Pàirt 1

Chuir mi seachad fad latha an-uiridh aig pàirc safari faisg air Sruighlea. Cha mhòr gun gabhadh e creidsinn gum b' urrainn do bheathaichean nach robh às an dùthaich seo bho thùs a bhith cho toilichte a' fuireach ann an Alba. Beathaichean mar leòmhannan, siorafan agus ailbheanan a bhiodh gu nàdarrach ann an raointean teth agus tioram Afraga. Bha iad rim faicinn a' coiseachd mun cuairt gu dòigheil anns an dùthaich againne a tha cho fliuch agus fuar. Air an làimh eile, bha creutairean a leithid *penguins* ann a bha riarachtaiche gu leòr leis an aimsir againn. 'S cinnteach gu bheil Am Pòla Deas fada nas fhuaire na Sruighlea! Bha aon rud soilleir: b' e sin nach robh an aimsir a' cur dragh sam bith air na beathaichean.

Bha an coltas ann gu robh a h-uile beathach a' faighinn biadh freagarrach. Chan e sin a-mhàin ach bhiodh am biadh uaireannan air a chur am falach gus am biodh aca ri lorg dhaibh fhèin, dìreach mar a bhiodh aca ri dhèanamh ann an Afraga. Tha sin cudromach airson inntinnean nam beathaichean a chumail beothail agus gus nach fàs iad leisg.

B' e fear de na rudan a b' fheàrr a chòrd rium air an latha a' chuairt a ghabh mi air bàta airson na muncaidhean fhaicinn. Bha iad a' fuireach air eilean dhaibh fhèin gus am biodh an cothrom aca gluasad gu saor-thoileach far an togradh iad an àite bhith glaiste ann an cèidsichean mar a thachras tric ann an sùthaichean. Bha mi an dòchas nach faigheadh mo bhràthair beag chun an eilein. . . oir chreideadh cuid gur e dìreach muncaidh eile a bh' ann!

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 1 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt 1

Chuir mi seachad fad latha an-uiridh aig pàirc safari faisg air Sruighlea. Cha mhòr gun gabhadh e creidsinn gum b' urrainn do bheathaichean nach robh às an dùthaich seo bho thùs a bhith cho toilichte a' fuireach ann an Alba. Beathaichean mar leòmhannan, siorafan agus ailbheanan a bhiodh gu nàdarrach ann an raointean teth agus tioram Afraga. Bha iad rim faicinn a' coiseachd mun cuairt gu dòigheil anns an dùthaich againne a tha cho fliuch agus fuar. Air an làimh eile, bha creutairean a leithid *penguins* ann a bha riarachtaiche gu leòr leis an aimsir againn. 'S cinnteach gu bheil Am Pòla Deas fada nas fhuair na Sruighlea! Bha aon rud soilleir: b' e sin nach robh an aimsir a' cur dragh sam bith air na beathaichean.

Bha an coltas ann gu robh a h-uile beathach a' faighinn biadh freagarrach. Chan e sin a-mhàin ach bhiodh am biadh uaireannan air a chur am falach gus am biodh aca ri lorg dhaibh fhèin, dìreach mar a bhiodh aca ri dhèanamh ann an Afraga. Tha sin cudromach airsoninntinnean nam beathaichean a chumail beothail agus gus nach fàs iad leisg.

B' e fear de na rudan a b' fheàrr a chòrd rium air an latha a' chuairt a ghabh mi air bàta airson na muncaidhean fhaicinn. Bha iad a' fuireach air eilean dhaibh fhèin gus am biodh an cothrom aca gluasad gu saor-thoileach far an togradh iad an àite bhith glaiste ann an cèidsichean mar a thachras tric ann an sùthaichean. Bha mi an dòchas nach faigheadh mo bhràthair beag chun an eilein. . . oir chreideadh cuid gur e dìreach muncaidh eile a bh' ann!

CEISTEAN

1. Càite an robh a' phàirc safari?

(30 seconds)

2. Ainmich dà bheathach a bha ri fhaicinn anns a' phàirc.

(30 seconds)

3. Dè chaidh innse mun t-sìde ann an Alba?

(30 seconds)

4. Dè a' bhuaidh a bha aig an aimsir air na *penguins*?

Bha iad ro fhuar, no

Bha iad ro theth, no

Bha iad ceart gu leòr.

(30 seconds)

5. (a) Dè bhiodh luchd-obrach na pàirce a' dèanamh le biadh nam beathaichean?

(30 seconds)

- (b) Carson a bhiodh iad a' dèanamh seo?

(30 seconds)

- (c) Carson a bha seo math airson nam beathaichean?

(30 seconds)

6. Càit' an robh na muncaidhean rin lorg anns a' phàirc?

(30 seconds)

7. Carson a bha na muncaidhean toilichte nach robh iad ann an cèidsichean?

(30 seconds)

Candidates have one minute at this point to read the questions for Pàirt 2.

[Tionndaidh an duilleag

(The passage below should be read in approximately 2 minutes)

Pàirt 2

Ged a bha prìs tiogaidean na pàirce gu math daor, shaoil mise gun robh e reusanta gu leòr oir bha a leithid ann ri dhèanamh. Chosg e ochd notaichean airson sgoilearan agus aon nota deug is caogad sgillinn airson inbhich. Dh'fhaodadh tu fad an latha a chaitheamh an sin ge-tà eadar coimhead air na beathaichean agus cleachdadh nan goireasan eile. Bha pàirc-cluich ann airson clann bheag, le bàta spùinneadairean agus caisteal mòr eireachdail. Bha e coltach ri tràigh oir bha gainmheach sa h-uile àite. Bha a' ghainmheach a' coimhead brèagha agus cuideachd bha e sàbhailte dhan chloinn oir cha bhiodh iad air an goirteachadh nan tuiteadh iad.

Bha àiteachan gu leòr ann airson biadh a cheannach nam biodh sin a dhìth ort, ach mholainn fhìn gun toireadh daoine leotha am biadh fhèin oir bha bùird agus suidheachain gu leòr ann airson picnic snog a ghabhail. Ach bi faiceallach nach goid na beathaichean do dhinnear!

Tha a' phàirc a' fosgladh as t-earrach agus a' dùnadh airson a' gheamhraidh. Ma gheibh sibh an cothrom a dhol ann as t-samhradh; còrdaidh e ribh gu mòr.

Mus fàg sibh a' phàirc, feuch an tadhail sibh air a' bhùth airson preusantan no cuimhneachain a cheannach. Gheibh sibh rud sam bith ann eadar suiteas, dèideagan, agus dealbhan, pinn no peansailean – uile le ainm na pàirce air.

Ach 's e fìor latha math a bhiodh ann airson teaghlach gu lèir a dhol dhan phàirc seo còmhla. Tha mise airson a dhol air ais an ath-bhliadhna!

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 2 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt 2

Ged a bha prìs tiogaidean na pàirce gu math daor, shaoil mise gun robh e reusanta gu leòr oir bha a leithid ann ri dhèanamh. Chosg e ochd notaichean airson sgoilearan agus aon nota deug is caogad sgillinn airson inbhich. Dh'fhaodadh tu fad an latha a chaitheamh an sin ge-tà eadar coimhead air na beathaichean agus cleachdadh nan goireasan eile. Bha pàirc-cluich ann airson clann bheag, le bàta spùinneadairean agus caisteal mòr eireachdail. Bha e coltach ri tràigh oir bha gainmheach sa h-uile àite. Bha a' ghainmheach a' coimhead brèagha agus cuideachd bha e sàbhailte dhan chloinn oir cha bhiodh iad air an goirteachadh nan tuiteadh iad.

Bha àiteachan gu leòr ann airson biadh a cheannach nam biodh sin a dhìth ort, ach mholainn fhìn gun toireadh daoine leatha am biadh fhèin oir bha bùird agus suidheachain gu leòr ann airson picnic snog a ghabhail. Ach bi faiceallach nach goid na beathaichean do dhinnear!

Tha a' phàirc a' fosgladh as t-earrach agus a' dùnadh airson a' gheamhraidh. Ma gheibh sibh an cothrom a dhol ann as t-samhradh; còrdaidh e ribh gu mòr.

Mus fàg sibh a' phàirc, feuch an tadhail sibh air a' bhùth airson preusantan no cuimhneachain a cheannach. Gheibh sibh rud sam bith ann eadar suiteas, dèideagan, agus dealbhan, pinn no peansailean – uile le ainm na pàirce air.

Ach 's e fìor latha math a bhiodh ann airson teaghlach gu lèir a dhol dhan phàirc seo còmhla. Tha mise airson a dhol air ais an ath-bhliadhna!

CEISTEAN

1. Carson a shaoil an neach-labhairt gun robh prìs nan tiogaidean freagarrach?

(30 seconds)

2. Dè a' phrìs a bha e airson tiogaid inbheach?

£8.00, no

£11.00, no

£11.50.

(30 seconds)

3. (a) Innis **aon** rud a bha ri lorg anns a' phàirc-cluich.

(30 seconds)

- (b) Carson a bha e math gun robh gainmheach anns a' phàirc?

(30 seconds)

4. Carson a dh'fheumadh daoine a bhith faiceallach a' gabhail picnic?

(30 seconds)

5. Dè an ràith anns a bheil a' phàirc dùinte?

Samhradh, no

Geamhradh, no

Earrach.

(30 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

6. (a) Ainmich **dà** rud a dh'fhaodar a cheannach anns a' bhùth.

(30 seconds)

(b) Dè tha air innse dhuinn mu gach rud a gheibh thu anns a' bhùth?

(30 seconds)

7. Cò dha gu h-àraidh a bhiodh a' phàirc freagarrach, ann am beachd an neach-labhairt?

(30 seconds)

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]